

Stòiridh na Càisge



Ràinig ìosa Ierusalem air Sàbaid Slat-phailme. Bha na daoine toilichte ìosa fhaicinn agus bha iad a' smèideadh geugan phailme.



Cha robh na daoine cudromach toilichte mun a ghràdh a' bh'aig na daoine do dh' ìosa.



B'e Iudas aon de na caraidean sònraichte aig ìosa. Thug na daoine cudromach 30 bonn airgid do Iudas ach an innse e dhaibh càit' an lorgadh iad ìosa airson a' chuir an greim.



Bha dìnnear sònraichte aig ìosa còmhla ri charaidean airson na Càisg. 'Se an Suipear Deireannach a' chanas sinne ris an dìnnear seo.



Thug Iosa aran agus fion dha charaidean. An uairsin dh'innis e dhaibh gun robh aon dhiubh air tionndadh na aghaidh.



Thuirt Iosa gun àicheadh Peadar e trì uairean mus tigeadh a' mhadainn agus gun goireadh an coileach.



An uairsin chaidh Iosa a' dh' ùrnuigh ann an gàrradh Getsemane.




Dh'innis Iudas do na daoine cudromach càit' an robh ìosa. Chaidh ìosa a' chuir an greim.



Lean Peadar ìosa agus dh'fhuirich e taobh a-muigh an àite far an robh ìosa air a' chumail. Dh'fhaighnich triùir do Pheadar am b'e caraid do dh' ìosa bh'ann. Thuit Peadar nach aithnicheadh esan ìosa.




An uairsin ghoir an coileach. Chuimhnich Peadar dè thuirt ìosa agus bha e uabhasach brònach.




Leig Pilat le Barabas a' dhol fa sgaoil an àite ìosa. Bha an sluagh airson gum biodh ìosa air a' pheanasachadh.



Bha aig Iosa ri crann-ceusaidh throm a' ghiùlain tro shràidean Ierusalem.




Ghiùlain Sìmon crann-ceusaидh ìosa gu beinn Chalbharaidh.




Bhàsaich ìosa air a' chrann-cheusaidh. Bha teaghlaich agus caraidean ìosa uabhasach túrsach.



Nuair a' bhàsaich ìosa chriothnaich an talamh. Shrac cùirtear a bha anns an teampall na dà phìos.



Chaidh corp ìosa a' chuir ann an uaigh. Chaidh clach mhòr, throm a' chuir tarsainn doras na h-uaghach.



Air an treas latha, chaidh Moire agus cuid de na caraidean eile aig ìosa chun na h-uaghach. Cha robh corp ìosa ann agus bha a' chlach air a' roiligeadh air falbh. Dh'innis aingeal do na caraidean gun robh ìosa air èirigh bho na mairbh.



Chaidh ìosa a' choimhead air a' charaidean mus do dh'fhalbh e suas gu nèamh.

